

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

## Murt ann an Srath Spè (1)

*A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at [rodny.macleon@bbc.co.uk](mailto:rodny.macleon@bbc.co.uk). This is Litir 760. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 456 corresponds to Litir 760.*

Coig bliadhn 'deug airson Poileas a Mharbhadh. B' e sin an tìotal air pìos-naidheachd air duilleag aghaidh a' *New Zealand Herald* air a' chiad latha dhen Ghiblean anns a' bliadhna mu dheireadh dhen naoidheamh linn deug. Chan e gogaireachd a bh' ann, ge-tà. Bha an naidheachd dhuilich mu bhàs a' Chonstabal King ann an Srath Spè ann an Alba. Feumaidh gur e naidheachd mhòr a bh' innte. Co-dhiù bha ùidh mhòr aig muinntir na Gàidhealtachd innte.

B' e am 'murtair' fear Ailean MacCaluim. Thogadh Ailean ann an Loch Abar agus bha e cianail measail air poidseadh, ged a bha athair na gheamair. **Feumaidh nach robh cùisean rèidh** anns an taigh aig amannan!

Nuair a bha e na dhuine òg, dh'fhalbh Ailean a dh'fhuireach ann am Patagonia – slighe a ghabh mòran eile às a' Ghàidhealtachd. Bha e ann fad seachd bliadhna. Tha dùil gun robh e ri cìobaireachd an sin. 'S dòcha gun robh e anns na h-Eileanan Faclanach cuideachd airson greis.

Timcheall air a' bhliadhna ochd ceud deug is naochad (1890), thill Ailean a dh'Alba. Bha athair air bàs fhaighinn agus bha a mhàthair air gluasad a Dhrochaid na Cuing-leum ann an Srath Spè. Bha bràthair Ailein – Dòmhnall – ag obair do Ghranndach Rat Mhurchais mar gheamair. Chaidh Ailean a dh'fhuireach aca. Cha b' fhada gus an robh e air ais na sheann dòighean, a' poidseadh.

Bha e eòlach air sgìre mhòr eadar am Monadh Ruadh agus Monadh Nibheis, agus rinn e bith-beò à poidseadh. Bha e a' reic sìtheann do luchd-ceannach air feadh na dùthcha. A rèir choltais, bha e ga cur air an trèana ann an Coit Ghartain.

Chan e duine dòigheil a bh' ann an Ailean. Bhiodh e a' maoidheadh air geamairean. Agus latha a bha seo, chaidh e fhèin is Dòmhnall a-mach air a chèile gu dubh mun phoidseadh a bha e a' dèanamh. Mhaoidh Ailean air Dòmhnall. Thuirt Dòmhnall ris gun robh e às a rian. Theich Ailean ach bha dragh air Dòmhnall gur e fòirneart a bha fa-near do dh'Ailean agus dh'inns e do na poilis anns an Aghaidh Mhòir mun ghnòthach.

Cho luath 's a thòisich na poilis air rannsachadh a dhèanamh air Ailean, fhuair iad a-mach gun robh eagal air muinntir an àite roimhe. 'S e fear tapaidh a bh' ann, làidir na bhodhaig, ceathrad 's a trì bliadhna a dh'aois agus gun dlùth-charaid ach a-mhàin an cù aige. Bha e cuideachd, mar a bhiodh dùil, fìor sgileil le gunna.

Lean MacCaluim le a phoidseadh. Chaidh a dhìtheadh ach cha do nochd e sa chùirt. Chaidh binn a chur air – càin còig sgillinn a phàigheadh no seachd latha sa phrìosan. Chaidh iarraidh air poileas à Drochaid Neithich a dhol thuige, airson an t-airgead iarraidh. B' esan an

Constabal Tòmas King. Bha e àrd, foghainteach agus pòsta le ochdnar cloinne. Fhuair e taic bho phoileas eile, Iain MacGilleNaoimh.

Bha Ailean MacCaluim a-nise a' fuireach ann an taigh beag dà-sheòmrach aig tè Marsaili Nic a' Phearsain, Marsaili Dhubh mar a chante rithe, ann am **Baile Mhuilinn an Tulaich** ann an Obar Neithich. Chaidh na poilis don taigh.

'Hai, MhicCaluim!' dh'èigh iad.

'Dè tha sibh ag iarraidh?' dh'èigh MacCaluim air ais.

Chaidh na poilis a-steach don taigh, MacGilleNaoimh don t-seòmhar-chadail agus King don chidsin. Agus innsidh mi dhuibh dè thachair an uair sin anns an ath Litir.

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** murtair: *murderer*; Ailean MacCaluim: *Allan Macallum*; cìobaireachd: *shepherding*; Na h-Eileanan Faclanach: *The Falkland Islands*; Drochaid na Cuing-leum: *Coylumbridge ('the bridge of the narrow leap')*; sitheann: *venison*; Coit Ghartain: *Boat of Garten*; a' maoidheadh air: *threatening*; Drochaid Neithich : *Nethy Bridge*; foghainteach: *powerful*; Iain MacGilleNaoimh: *John MacNiven*; dà-sheòmrach: *two-roomed*.

**Abairtean na Litreach:** Coig bliadhn' deug airson Poileas a Mharbhadh: *fifteen years for killing a policeman*; pìos-naidheachd air duilleag aghaidh: *a news item on [the] front page*; gogaireachd: *April fool's matter*; naidheachd dhuilich mu bhàs a' Chonstabal King: *sad news about the death of Constable King*; bha ùidh mhòr aig muinntir na Gàidhealtachd innte: *the people of the Highlands were very interested in it*; bha e cianail measail air poidseadh, ged a bha athair na gheamair: *he was really keen on poaching, although his father was a gamekeeper*; dh'fhalbh Ailean a dh'fhuireach ann am Patagonia: *Allan went to live in Patagonia*; bha athair air bàs fhaighinn: *his father had died*; ag obair do Ghranndach Rat Mhurchais: *working for Grant of Rothiemurchus*; cha b' fhada gus an robh e air ais na sheann dòighean: *it wasn't long until he was back in his old ways*; eadar am Monadh Ruadh agus Monadh Nibheis: *between the Cairngorms and the Nevis Range*; rinn e bith-beò à poidseadh: *he made a living from poaching*; às a rian: *insane*; bha dragh air Dòmhnall gur e fòirneart a bha fa-near do dh'Ailean: *Donald was worried that Allan was intent on violence*; dh'inns e do na poilis anns an Aghaidh Mhòir: *he told the police in Aviemore*; gun robh eagal air muinntir an àite roimhe: *that the local people were afraid of him*; làidir na bhodhaig: *bodily strong*; gun dlùth-charaid ach a-mhàin an cù aige: *without a close friend except for his dog*; chaidh a dhiteadh: *he was prosecuted*; càin còig sgillinn a phàigheadh: *to pay a fine of five shillings*; pòsta le ochdnar cloinne: *married with eight children*.

**Puing-chànain na Litreach: Baile Mhuilinn an Tulaich: Milton of Tulloch.** *There are many Miltons (Milltowns) scattered around the Gàidhealtachd. The English is a simplified form of the translation of Baile a' Mhuilinn 'the town of the mill'. In some cases the locality specific also exists in the name in order to distinguish it from other Miltons. The article before Mhuilinn is then dropped and the location specific goes in the genitive case eg Baile Mhuilinn Ruadh-shruth 'Milton of Roro', Baile Mhuilinn Eòdain 'Milton Eonan', Baile Mhuilinn Eadar Dhà Dhobhar 'Milton of Edradour' (all Perthshire).*

**Gnàthas-cainnt na Litreach: Feumaidh nach robh cùisean rèidh: matters can't have been plain-sailing.**

*Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA*